



University  
of Glasgow

Byrne, M. '*Chan e chleachd bhith an cabhsair chlach': Am Bàrd Gàidhlig 's am Baile Mòr bhon 17mh Linn chun an 20mh.* In *Glasgow : baile mòr nan Gàidheal*, Chap 3, pages pp. 55-88. Glasgow: University of Glasgow (2007)

<http://eprints.gla.ac.uk/4598/>

5<sup>th</sup> September 2008

---

*Michel Byrne*

**'Chan e chleachd bhith an cabhsair chlach':  
Am Bàrd Gàidhlig 's am Baile Mòr bhon 17mh  
Linn chun an 20mh**

---

**Glaschu**

Is gann a gheibhear iomradh air Glaschu ann am bàrdachd Ghàidhlig ron naoidheamh linn deug. Mar a bhiodh dùil, 's e baile na cumhachd 's na huaisleachd gu sear a tha a' toilltinn an iomraidh as mothà. Ach cluinnear ann am mith-òran bho 1645 gu bheil 'Glaschu bheag a' dol na lasair' (Campbell 1977, 136);<sup>1</sup> tha Gilleanbaig na Ceapaich anns an aon linn ag ainmeachadh 'Eaglais Ghlaschu' aig toiseach na liosta de rudan fior a chunnac e (MacPherson 1868, 46); agus ann am mith-òran eile, is dòcha bhon t-seachdamh linn deug, tha foirmle molaidh ri cluinntinn anns an iomradh air 'Glaschu nam buadh' (Campbell 1981, 42).

Mar a dh'èirich soirbheachas malaирteach Ghlaschu agus a mheudaich àireamhan nan Gàidheal ann,<sup>2</sup> thug na bàird aithneachadh nas stèidhte don bhaile ann an òr-chainnt mholaidh. 'S e na cabhsairean 's na sràidean an ìomhaigh mheatonomach as cumanta air na bailtean Gallda,<sup>3</sup>

---

<sup>1</sup> Cha do chuireadh Glaschu na theine rè chogaidhean nan 1640an. Ach chaidh pàirt mhòr den bhaile (Margaidh an t-Salainn, an Trongate, an Gallowgate agus Bridgestreet-gate) a sgriosadh le teine ann an 1652. '[A]bout the 17<sup>th</sup> day of June last, there happened, in the towne of Glasgow in Scotland, a sudden and very lamentable fire, which, in a very short space, burnt down the best part of the buildings, with a third part of the said towne, and almost all the shops and warehouses, with the residences of the merchants. In which places, so consumed, were fourscore bye-lanes and alleys, with all the shops, besides eighty warehouses, which alleys were the habitations of a thousand families; all which losses computed amounts to one hundred thousand pounds Sterling' (bho fhreagairt Riaghaltas Chrombail do thagradh o Bhaile Ghlaschu; Gibson 1777, 316–17).

<sup>2</sup> Ghabhadh cur-air-bhonn Comann Chloinn Bhochanain (1725) is Comann Gàidhealach Ghlaschu (1727), stèidheachadh na 'Gaelic Club' (1780) agus nan obraighean dathaidh aig Seòras Mac an Tòisich ann an Dennistoun (1777), am faicinn uile mar fhianais air an fhàs seo (Bain 1911, 85, 107).

<sup>3</sup> Mar eisimpleir 'shiubhlainn a Dhùn Èideann leat / gu sràid nan ceuman còmhnr' (MacDonald 1911, 209), 'cabhsair Dhùn Èideann' (MacDonald 1924, 190), 'Inbhirnis nan sràidean' (MacPherson 1868, 85), 'sràidean còmhnr Ghrianaig' (Nic-a-Phearsoin 1891, 71); 'chan e chleachd bhith an cabhsair chlach [baile Pheairt] / ach bhith feadh ghlac is mòintich' (Ghriogarach 1831, 81).

agus mar a bhiodh dùil cluinnear ‘Glaschu nam sràid (/ nan sràidean)’ (m.e. Sinclair 1910, 254; Nic-a-Phearsoin 1891, 68, 184), no a-rithist ‘nan sràidean buan’ (MacAoidh 1938, 57). Mu dheireadh an ochdamh linn deug, tha Griogarach a’ toirt soraidh do ‘bhaile nam buadh / fo sgèith Uisge Chluaidh’ far an cruinnich na Gàidheil le ‘piob na caismeachd ’s mòr fuaim’ (MacGhriegair 1801, 13), agus tha e a’ toirt tarraing air inbhe mhalaireach a’ bhaile:

’S e Glaschu nam bùthan,  
A ghabhas an cùinneadh,  
Anns am faighear an cùnnradh,  
’S gach cleachdadh as ùire  
Thig a-nall as gach lùchairt,  
Ga aiseag le mùirne,  
A lionas gach sùil fheòla.<sup>4</sup>

Ged as e gnè choimearsalta a’ bhaile mun trice a chluinnear (‘Glaschu nam bùth / bùthan/ bùthaibh’) tron naoidheamh linn deug, bho Ailein Dùghallach aig toiseach an linn gu Màiri Mhòr aig a’ cheann eile (1829, 115, 197; Nic-a-Phearsoin 1891, 121), tha ìomhaighean nas dealbhaiche air togalaichean a’ bhaile a’ nochdadadh cuideachd: tha ‘Glaschu mòr nan stuagh’ aig Màiri Mhòr (Nic-a-Phearsoin 1891, 59), ach cluinnear an abairt dhealbhach ‘Glaschu mòr nan stiopall àrda’ aig an Dùghallach (1829, 194), agus fhathast aig Màiri Mhòir is Bàrd Bhaile Mhàrtainn nas anmoiche san linn nuair nach biodh na stiopallan buileach cho follaiseach air faire am measg shimileirean factoraidh (Nic-a-Phearsoin 1891, 54; Camshron 1932, 186).<sup>5</sup> Seinnidh MacIll-Eain a bharrachd mu ‘Għlaschu mhòr nan turraidean còrr ’s nam bùth’ (Camshron 1932, 151), agus bho Iain Gobha gheibhear deagh shreath faramach eile: ‘Glaschu mheadhrach a’ chabhlaich ghreadhnaich’ (Morison 1896, 313). Tha faram de sheòrsa eile air aire cuid: ‘Glaschu na h-ùpraid’ (MacAoidh 1938, 71), stèidhte, is dòcha, air an abairt ‘baile na

<sup>4</sup> Mo thaing dhan Oll. Wilson MacLeod a chuir an dàn seo fo m’ aire ann an 2001. Tha litreachadh an latha an-diugh air na h-às-earrannan bàrdachd air fad.

<sup>5</sup> Tha ‘Glaschu nan stiopall’ cuideachd aig Gillesbaig Dòmhnullach (MacPherson 1868, 85) agus anns a’ ‘chumha’ a rinn Cairistiona NicColla do mac a phòs bantrach (Mac-na-Ceardadh 1879, 454). Chlàraich Iain Maclobhair (Caimbeul) anns a’ chiad leth den ochdamh linn deug: ‘This City is adorned with eight Steeples, the High Church Steeple being two hundred and twenty Foot high’ (McUre 1736, 215). Tha dealbhan bhon ochdamh linn deug a’ sealtainn cho follaiseach is a bha na stiopallan bho thaobh a-muigh a’ bhaile (faic na dealbhan bho 1768 agus 1761 ann an Gordon [1872]).

h-ùpraid' aig Niall MacLeod agus Iain MacPhaidein (1890, 20; 1902, 86).<sup>6</sup>

Ged a chaidh Glaschu, mar sin, a 'Ghàidhealachadh' ann an cainnt na bàrdachd (mar nach deach Dùn Èideann), tha cuid de na bàird a' dèanamh glè shoilleir gur ann air an aineol a tha na Gàidheil anns a' bhaile mhòr, nam pàirt den fhògradh a tha air an sgapadh air feadh an t-saoghal. Tuigear an smuairean a bhiodh air a' bhàrd Mhorbhairneach òg Dòmhnull MacFhionghain, mu 1860, 's e air a thoirt gu Royal Infirmary Ghlaschu, ann an 'seòmar cianail nan leaban iarainn, / Nan uinneag sgiathach san lionmhor lòisean': 'Cha chluinn mi Gàidhlig, cha tuig mi 'n càinain, / Mur faigh mi fhàgail gum fàs mi gòrach' (Thornber 1985, 10–11). Ach gheibhear an aon chianalas aig na Gàidheil sin a bha stèidhete anns a' bhaile. Fiù 's aig fior dheireadh an naoidheamh linn deug, 'Tha na Gàidheil on dachaigh am bailtean nan Gall' a rèir Iain 'Taigh-nam-Bàrr' MhicCaluim ann an 'Càinain nan Gàidheal' (CM 5/5 (1897), 88).<sup>7</sup> Agus tha an cianalas seo glè nochdaidh aig Mairi Mhòr: 'na fiùrain / Tha fad o thìr an dùthcha, / An Glaschu mòr nam bùithean'; 'gillean mo ghràidh / Tha 'n Glaschu nan sràid, / Is fhada bho àit an eòlais iad' (Nic-a-Phearsoin 1891, 121, 184).

Tha a' bhana-bhàrd a' cur an cèill an togail-cridhe a bha ri fhaighinn aig na cruinneachaidhean mòra ann an tallachan a' bhaile, 's na Gàidheil a' tional mar shluagh ann an tir chèin<sup>8</sup> (Nic-a-Phearsoin 1891, 41):

Nuar shuidh mi 's a chunna mi 'n sluagh,  
Thàinig seòrsa de thuineal am cheann,  
A' facinn nan ceudan mun cuairt domh,  
Cho modhail 's cho stuama nan cainnt;

<sup>6</sup> Am measg ainmean bàrdail eile gheibhear 'Cluaidh nan lùb' (Macleòid 1975, 46) agus 'Grianag mhòr nan seòl' (Nic-a-Phearsoin 1891, 293).

<sup>7</sup> Tha an t-òran a' càineadh nan Gàidheal sin nach robh a' toirt na càinain don cuid cloinne, agus a' moladh gaisgich an ath-bheothachaidh leithid Bhlackie. Bha MacCaluim (a bha na phoileas) na charaid do Eanraig MacIII-bhàin ('Fionn') agus gu mòr an sàs anns a' chiad chòisir Ghàidhlig, Còisir Eaglais Chaluim Chille an Glaschu. A bharrachd air bàrdachd agus fuinn a dhèanamh agus ceòl-reimeadh airson nan còisirean, chruinnich MacCaluim stòras de dh'òrain le am fuinn, ann an Earra-Ghàidheal. Tha an cruinneachadh luachmhor seo a-nise taisgte anns an Leabharlann Nàiseanta an Dùn Èideann (NLS Acc. 12529). Mo thaing mhòr do dh'Iain MacPhàrlain, Taigh nam Bàrr (Taigh an Uillt), ogha MhicChaluim, a cheadaich dhomh pàipearan a sheanar a sgrùdad.

<sup>8</sup> Tha Withers 1998 a' toirt rabhadh, ge-tà, gun a bhith a' smaoineachadh ro fhuarasta air *aon* choimhlearsnachd aonaichte de Ghàidheil anns a' bhaile mhòr. Ach is iongantach mura robh dleastanasan brosnachaidh nam bàrd a' toirt orra ìomhaigh aonaichte, shàrdhealbhach a phutadh, car mar a bhrosnaicheadh bàird air Ghàidhealtachd 'aonachd bhun-bheachdail' tro na linntein, an 'ideal synthesis' sin mun do sgriobh Iain MacAonghais (MacInnes 1979, 444).

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

Gun ghin ann ach gineal na tuatha  
A choisinn a' bhuaidh anns gach àm,  
Rinn na Sasannaich fhuadach a Ghlaschu,  
'S nach cluinn iad ach glagadaich Ghall.

Tha Uilleam MacPhàil, bàrd a' Chomainn Oiseanaich, mar an ceudna ag innse mar a 'thog [a] chridhe le toil-inntinn' a' chiad uair a chaidh e don chèilidh: 'Shaoil mi a bhith ann am dhùthaich, / Is mo chàirdean uile dlùth dhomh' (Camshron 1932, 385). Tha e cuideachd a' cur an cèill, mar nach do chuir mòran am bàrdachd (Macleod 2003, 135), nach b' e tlachd a-mhàin a bha a' täladh chun nan cruinneachaidhean seo, ach cruaidh fheum, airson grèim a chumail air a' chàinain agus air a' mhian a bhith ga bruidhinn: iad sin a bha a' call an cuid Gàidhlig às dèidh 'caigeann mhìosan' air Ghalldachd, cha bhiodh aca ach '[dhol] leinn don *Athenèum*, / 'S labhraidh iad gun strìth mar b' àbhaist'.<sup>9</sup>

Cha b' iongantach ged a chruthaicheadh na bàird iomsgaradh eadar àrainneachd shalach thruaillte a' bhaile mhòir agus àrainneachd fhallain shaor na Gàidhealtachd, a rèir nòsan na Romansachd air feadh na Roinn Eòrpa. Tha am bàrd san òran ainmeil aig Iain Camshron, 'Chì mi na mòrbheanna', a' dèanamh fiughair ri 'ùpraid, sùrd is glagaraich' agus 'cùrtean dùinte salach' a' bhaile fhàgail, agus ri aghaidh a chur air Baile Chaolais 'a dh'amharc air gleannaibh nam bò' (Mac-na-Ceàrdadh 1879, 330). 'S i 'air [a h]-aineol ann am Baile Ghrianaig', tha Màiri Mhòr a' caoidh nach fhaicear 'bileag fheòir air [a] sràidean còmhnr' (Nic-a-Phearsoin 1891, 70–71). Ann an òran eile, tha an sgaradh air a dhaingneachadh gu beothail aice tro ath-aithris ('ceò'): 's iomadh Gàidheal 'a thogadh ann an Tir a' Cheò' a tha 'ga thacadh anns a' bhaile mhòr / le stùr agus le ceò a' ghuail' (ibid, 15). Tha Màiri Mhòr a' leudachadh air a' chuspair le dealbhachd bheothail, is i a' togail air an òran ainmeil aig Niall MacLeòid 'An gleann san robh mi òg' (Nic-a-Phearsoin 1891, 88–90).<sup>10</sup>

Nuar a dhùisgeadh mi sa mhadainnn,  
Le clag a' bhaile mhòir,  
Air mo thacadh leis an stùr

<sup>9</sup> Tha MacPhàil eile, ann an Dùn Èideann, ag innse mun turas a rinn e a Ghlaschu, 's e 'an diollaид an eich iarainn / dol gu h-iar air bàinnidh', airson Còmhdhail Bhliadhnaile Luchd Àiteachaidh Mhuile agus Ì Chaluim Chille ann an Seòmraichean na Banrigh, 'an lùchairt àlainn / gun choimeas dhi [...] / ach Parthenon na h-Àithne' (Dùghall MacPhàil; Mac-Na-Ceàrdadh 1879, 188).

<sup>10</sup> Faic MacLeòid 1975, 1–4. Bha an t-òran aig MacLeòid, a rèir coltais, air aon de na h-òrain a b' phasanta anns na 1870an agus na '80an (MacFarlane 1929, 253).

'S ga mo mhùchadh leis a' cheò,  
Bidh mo chridhe call a lùths  
'S bho mo shùil gun sruth na deòir,  
Nuair a chuimhniches mi chlann  
A bha sa ghleann san robh mi òg.

An àite dhi bhith a' gabhail don bhleoghann, ri nuallan a' chruidh 's an cuideachd a' bhuachaille, 's e a tha aice 'fear le clagan beag na làimh, / Muigh air sràid – 's cha bhinn a cheò! / 'G èigheach bainne-goirt cho lom, / Is b' fheàrr am meug na bhith ga òl' – an aon ghearan a bha aig bana-bhàrd ann am Peart ceud bliadhna roimhe.<sup>11</sup> Chan e a-mhàin salachair is ùpraid is biadh bochd a tha a' sgreamhachadh Màiri Mhòr, ach droch bheusan cuideachd:

Ma thèid mi mach Disathairne  
Aig stràc an aon uair deug,  
Bidh mo chluasan air am bòdhradh  
Leis gach còmhchràdh truagh gun chiall;  
Fear a' mionnachadh ra mhnaoi,  
S ise maoidheadh air le dòrn,  
Nì nach cualas ri ar linn  
Anns a' ghleann san robh mi òg.

Tha tionndadh neo-àbhaisteach air an iomsgaradh seo, ann an 'Òran nan croitorean Gàidhealach' (CM 12/6 (1904), 118–19), òran an aghaidh leisge le Calum MacPhàrlain.<sup>12</sup> Tha am bàrd ag earalachadh gun a bhith 'dearmadach, caoin-shuarach / Mu na sochairean a bhuannaich sinn sa chòmhstòri', agus a' faighinn coire anns na Gàidheil sin a rinn air a' bhaile mhòr an àite an còirichean a sheasamh aig an taigh:

B' eòl dhuinn daoine bha san dùthaich seo,  
Air glè bheag cèill is tùralachd,  
Rinn imrich dh'ionnsaidh smùid nam bailtean mòra;  
Fhuair iad goireasan gun dìth annta,

<sup>11</sup> 'Nuair a dh'èigheas iad am bainne, / Bheir mi sealladh a-mach: / 'S ann chì mi a' bharaille / Air a ceangal an cairt; / Ged a thèid mi ga cheannach, / Rìgh cha mhilis a bhlas! / 'S fheàrr am meug bhios sa Ghàidhealtachd / Na bainne blàth bhios am Peart.' (Ghriogarach 1831, 30–31).

<sup>12</sup> 'S e ailtire a bha ann am MacPhàrlain (1853–1931), à Pàislig, a rinn ath-ionnsachadh air a' Ghàidhlig. Bha e na bhàrd, na fhear-ciùil 's na sgoilear, m.e. dheasaich e Lèmh-sgrìobhainn MhicRath ('Fearnaig'), rinn e obair faclaireachd, agus sgrìobh e *operetta* Ghàidhlig. (Maclean 1915, 219; Macleod 1908, 202; 1915, 27–28; Thomson 1994, 188).

Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal

Is rogha de gach nì annta,  
Air chost iad fhèin 's an siol bhith dìblidh, spreòchant'.  
Ach sna glinn tha 'n t-àileadh cùbhraidih  
Is gach fàs a-ghnàth cho ùrar,  
Agus nàdar fèin cho dlùth rinn an-còmhnaidh,  
'S gum bheil spiorad glan nar càileachd  
Tha nas luachmhoire 's nas àirde  
Na ged bh' agaínn taighean blàthà 's mill de stòras.

Dà fhichead bliadhna às a dhèidh, chuireadh Deòrsa Hay luach moralta air an ìomhaigheachd cuideachd, 's am baile 'na shiùrsaich, / Is corp is anam nan cùnnradh / Feadh nan sàrshràid 's nan cùil', an tacà ri 'glan chomann nam mullach, / Gach aon fo choron geal cuithe na òigh' (Hay 2003, 181). Air ais san naoidheamh linn deug, b' fheàrr le Donnchadh Mac a' Phearsain (c.1832–1931)<sup>13</sup> dealbh brioghmhor beothail den bhaile a tharraing airson a theachdaireachd a thoirt seachad na 'Òran do Glaschu' (Mac-Na-Céardadh 1879, 393–94; Meek 2003, 104–06). Tha cridhe a' bhàird seo 'air dùsgadh gu ceòl' leis an iomsgaradh eadar gleansachd bhatharail 'Glaschu nam bùithean, far bheil fasain is ioghnaidh gu leòr', agus an truaighe 's an droch shlàinte a gheibhear ann.<sup>14</sup> Às deòidh dha toirt fa-near gu h-ìoranta don dùmhachd shàrachail 'am measg toit is droch fhàile' agus 'pailteas fearainn dol fàs feadh nan gleann', tha e a' cur a-mach mun àite a tha aig deoch làdir anns a' bhaile:

Ged tha Glaschu cliùiteach  
Anns na fasain as ùire fon ghrèin,  
'S iomadh trioblaid is neoghloin'  
Tha luchd misg 'toirt dhan deòin orra fhèin;  
Chan eil bainne ann ri fhaotainn,  
An deoch as feàrr air an t-saoghal gu lèir,  
Ach beirm làidir a' chaochain  
A' cur mhnathan is dhaoin' às an cèill.

Agus ma tha gainnead bainne aig muinntir a' bhaile mhòir, tha a bhuil: 's ann 'gun na fiaclan slàn ann nan deud' a tha na mnathan uaisle a chithear

<sup>13</sup> Faic Thornber 1985, 52, ma ghabhar ris (còmhla ri Meek 2003, 476) gur ionnan esan agus 'D. Mac-A-Phearsain' an *Oranaiche*.

<sup>14</sup> Tha Calum MacPhàrlain ag ainmeachadh òran air a bheil 'Glaschu nam bùidhean' am measg na feedhainn a b' phasant a sna seachdadan is na h-ochdadan, còmhla ris an òran cheannairceach 'Bochdan na Rìoghachd' (faic Mac-na-Céardadh 1879, 111–12; no Meek 1995, 83–85), agus eile (MacFarlane 1929, 254).

'feasgar na Sàbaid air Sràid Earra-Ghàidheal'; agus air cho tarraigeach, ùr-fhasanta is a tha boireannach òg air a bheil sùil a' bhàird, 'cha bhiodh a pògan ach searbh leam, / 'S fiaclan tilgte dhaoine marbh ann na beul'. Chan eil Mac a' Phearsain na aonar 's e a' toirt tarraig air droch dheudachd muinntir Glaschu – rinneadh iomradh mar-thà air droch bheachd Màiri Mhòir air a' bhainne bha ga reic sa bhaile, agus canaидh i a bharrachd (Nic-a-Phearsoin 1891, 294):

Ged tha sibh fad am measg nan Gall  
'S a liuga toibheum gheobh sibh ann,  
Gum faithnichinn sibh am measg an clann  
Oir chan eil fiacail slàn nan ceann.

### Iain MacPhaidein (1850–1935)

Ge-tà, chan ann an-còmhnaidh bhon taobh a-muigh a bhios na bàird a' coimhead air Glaschu, no an-còmhnaidh a' sireadh na seann Ghàidhealtachd air faire a bhitheas iad. Cha ghabh sgrùdadh a dhèanamh air Glaschu anns a' bhàrdachd gun prìomh àite a thoirt don Mhuileach Iain MacPhaidein, 'probably the outstanding example of a village bard who found his village and his public in Glasgow' (Thomson 1974, 230). Rinn MacPhaidein imrich a dh'Àird Driseig aig aois ochd deug; bha e ag obair iomadh bliadhna às dèidh sin aig an *Glasgow and South-Western Railway Company*, agus ghabhadh e páirt ann an cuirmean ciùil oidhche Shathairne ann an Tallaichean a' Chrùin (Sinclair 1893; MacFhionghuin 1953, 99). Choisinn e cliù mar bhàrd, sheinneadair agus sgeulaiche, ach ged a sgrìobh e bàrdachd 'àrd' (airson co-fharpaisean a' Chomuinn Ghàidhealaich, mar eisimpleir<sup>15</sup>), 's e bàrdachd de sheòrsa eile a dhèanadh e da luchd-èisteachd an Glaschu: 'when he mounts the platform to sing one of his amusing songs, in his own inimitable way, his reception is always hearty and appreciative' (Sinclair 1893).

Tha bàrdachd MhicPhaidein a' gabhail ri Glaschu agus ga glòrachadh gu h-aighearach mar àite-còmhnaidh a luchd-èisteachd is luchd-leughaidh, agus cleachdaidh i am baile mar àrd-ùrlar nàdarra airson nan suidheachaidhean is nan daoine a tha i a' dealbhadh – 's e an àrainneachd mun cluinn sinn Sràid an Dòchais, 'an t-sràid aig Deòrsa', an

<sup>15</sup> A leithid dàn molaidh don Mhorair Gilleanbaig Caimbeul, 'Blàr Drochaid Shruighlea', 'Blàr Allt a' Bhonnaich', 'Fionnagal Dhòmhnullach', 'Muile nam Bàgh', no 'Mòrachd Breatainn' (MacPhaidein 1902). Feumaidh nach robh breitheamhan a' Chomuinn uile stòlda sòlaimte, ge-tà: ann an 1923 thugadh a' chiad duais don òran aotrom èibhinn aige 'Bha mi 'n raoir an Glaschu' (anns a bheil is dòcha a' chiad iomradh air an telefòn ann am bàrdachd Ghàidhlig), 's an dara duais don dàn mhòr aige 'An t-seathamh cuimhneachan-linn air Blàr Allt a' Bhonnaich' (G 19/8 (1924), 124; G 19/12 (1924), 182–83).

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

Gallowgate agus Margaidh an t-Salainn, ‘na Shaws’ agus am Broomielaw, Cowlairs is Cowcaddens, ‘George’s Square’ is Gilmorehill.<sup>16</sup> Tha cuid bheag de obair a’ coimhead ‘air ais’ chun na Gàidhealtachd gun teagamh, agus nì e feum àbhachdail no romànsach den bheàrn eadar coimhearsnachdan dùthchail agus am baile mòr, ach tha Glaschu beò na bhàrdachd mar nach eil aig bàrd Gàidhlig sam bith roimhe no na dhèidh gu ruige Ruaraidh MacThòmais.

Bha gnè òrain air èirigh anns an naoidheamh linn deug a dh’innseadh mu *ingénu* bhon Ghàidhealtachd a’ tadhail air bailtean na Galltachd, agus an driodhhortan (mar as trice) a dh’èireadh dha.<sup>17</sup> Tha cuid de dh’òrain MhicPhaidein den ghnè seo. Ann an ‘Litir Eòghain gu chàirdean anns an Eilean Mhuileach’ (1890, 3–4) minichidh an gille mar a chuir ‘gainne na h-oibre ’s lughad a’ phàighidh, / Daoiread an fhearrainn is togail nam mìl’ chun na Galltachd e, ’s tha e a’ gabhail iongnadh ri cleachdaidhean a’ bhaile mhòir: fasanan (na cleòccannan *dolman*), na tha de dh’òl ann is de shabaid na chois agus de bhoireannaich fo bhuaidh na dibhe, agus droch bhuil na bochdainn (1890, 3–4). Ann an ‘Turas Eòghain do Ghlaschu’ (1890, 20–22), tha Eòghan a’ togail air gu baile na h-ùpraid a reic a chuid mhuc aig ‘the Baughts’ (margadh na sprèidhe). Mus teich e a-riathist air bòrd a’ Chlaymore, tadhlaidh e air Obair-chèire MhicLeòid – ‘Glasgow’s old-established and famous waxwork establishment [...] in the Trongate’ (Munro 1931, 115) ’s a cuid ghaisgeach iongantach,<sup>18</sup> agus feuchaidh e cuideachd air an lèigheas

<sup>16</sup> Cha robh an t-oilthigh air a bhith ro fhada air an arainn ùir seo taobh an-iar a’ bhaile, is e air imrich a dheanamh bhon High St gu Cnoc Ghille Mhoire ann an 1870 (MacGregor 1881, 472).

<sup>17</sup> Faic m.e. ‘Am Ministeir ’s am bàillidh’ (Mac-na-Ceàrdadh 1879, 143–44); ‘An t-each odhar’ (Mac-na-Ceàrdadh 1879, 143–44 no MacPherson 1868, 149–51); na h-òrain mu Chalum Beag aig Bàrd Bhaile-Mhàrtainn (Camshron 1932, 143–49, 151–53); ‘Turas Dhòmhnaill do Ghlaschu’ (Macleòid 1975, 87–92); agus san latha an-diugh cluinnear fhathast an t-òran macaronach ‘Ciad turas MhicDhòmhnaill a Ghlaschu’ (‘When I came to Glasgow first a-mach gu tir nan Gall’). Airson rabhadh buileach nas tràithe mu bhuaividhean a’ bhaile mhòir, faic ‘Òran do Dhòmhnaill MacArtair’ le Bàrd Thighearna Cholla (MacIlleain 1818, 57–63). Nas tràithe fhathast, bho shùilean Gallda, tha ‘John Highlandman’s remarks on Glasgow’ le Dougal Graham (1724–1779), a bha na fhearpaca, na chlo-bhuaileadair agus mu dheireadh na fhear-cluig anns a’ bhaile, ’s a sgrìobh a chunntas fhèin air ar-a-mach Bliadhna Theàrlaich. Tha an t-òran aige a’ toirt blas den t-seòrsa Beurla, ma b’ fhòr, a bhiodh aig luchd na Gàidhlig: ‘I gang to seek a Snish tamback, / And standing on the Corse, / And tere I saw a Dead Man, / Was riding on a Horse. // And O he pe a poor man, / And no hae mony claise,/ Te Progs be worn aff her feet, / And me see a’ his taes. // [...] // Ohon! ohon! her nainsel said, / And where will me go rin? / For yonder pe te Plack Man, / Tat purns te fouks for sin’. (An laochan a’ faicinn clach-ìomhaigh marcaich, agus ìomhaigh an Donais air cloc). (Gordon [1872], 20)

<sup>18</sup> ’S e tuairisgeul gu math beumach a tha aig Niall Rothach air staid na h-Obair-chèire mu thoiseach an fhicheadamh linn (Munro 1931, 114–19).

lòinidh dhealanach, an ‘Galvanic’ (mar ‘mìltean de shnàthadan sàs ann am fheòilsa’). Ann an ‘Ruaraidh cur bhuaith na croite’, cha d’ fhuair an croitear na dh’fheumadh e bho Chomisean nan Croitearan (1890, 97–98), is chan eil cion bheachdan aige air na cothroman a bhios ga fheitheamh ann an ‘Glaschu nan Dùbh-ghall’, eadar a bhith a’ fosgladh emporium, a’ ‘startadh Exhibition [no] Jubilee’,<sup>19</sup> a’ reic sgadan bho bhara, no a’ cur air dòigh oifis polais!

Is tric anns a’ ghnè òran seo a bhios an laochan a’ gabhail iongnadh ri othail a’ bhaile agus a’ gearan na chì e ann – ‘na biastan / len ùpraid ’s len uileartaich a chuireadh às do chiall thu’ (Camshron 1932, 146) – ach ann an aon òran aig MacPhaidein (1890, 13–14) chan e toirm a’ bhaile fhèin as mothà tha a’ sàrachadh a’ ghille ach an t-òran Aimearaganach ‘Grandfather’s Clock’<sup>20</sup> a tha air bilean gach mac is nighean màthar, bhon chloinn fhèin gu fear dubh a’ reic phìoban. Tha iomradh san òran sin a bharrachd air cur-fo-ghlais riaghlairean Banca Chathair Ghlaschu ann an 1879.<sup>21</sup>

Stèidhicheadh a’ chiad Chathair Cheilteach ann an Alba ann an 1882, aig Oiltigh Dhùn Èideann, às dèidh bhliadhna chan de dh’iomairt fo stiùir an Ollaimh Stuart Blackie, agus bhuilicheadh an dreuchd air an sgoilear Cholbasach Dòmhnaill MacFhiiongħain. Chuir a’ Bhanrigh Bhictòria fhèin ris an airgead a chaidh a thional airson na cathrach (Wallace 2006, 274). ‘Whatever Edinburgh may have thought, to many Gaels it was their Chair. Toasts were drunk to it at the gatherings of Highland Societies, and Gaelic bards sang the praises of Blackie and the Chair’ (Gillies 1989, 14–15). Gheibhear eisimpleir de na molaidhean seo aig Niall MacLèoid (1975, 151–52, 187–88), ach bha nòs eile aig MacPhaidein. Chomharrach esan an leasachadh mòr na ‘Òran mun Chollainn’ (1890, 7–9), le cothlamadh annasach mac-meanmach. Tha an t-aithrisear, ’s e air tighinn a Ghlaschu airson na Bliadhna Ùir, a’ tachairt ri Muilich eile san Trongate agus leis na ghabhas e den stuth làidir tha bruadaran iongantach ga bhuaradh air an oidhche:

<sup>19</sup> Chaidh lethcheud bliadhna riaghlaidh na Banrigh a chomharrachadh ann an 1887. Ann an 1888, thug Taisbeanadh Mòr Ghlaschu bàrr (a thaobh àireamhan luchd-tadhail) air gach Taisbeanadh Breatainnach roimhe, Taisbeanadh na Jubilee nam measg (faic Kinchin [2005], 17).

<sup>20</sup> An t-òran as ainmeile aig Henry Clay Work a dh’fhoillsicheadh ann an 1876 (Grove 1986, 563–64).

<sup>21</sup> Airson tuiteam millteach a’ Bhanca ann an 1878 agus a’ chùis-lagha a lean, faic MacGregor 1881, 493–500, no iomradh goirid ann an Jackson & Munn 1996, 82. Cha deach an riaghlaire James Nicol Fleming a chur an grèim gu 1882 ([www.ILN.com](http://www.ILN.com)), ’s e air teicheadh thall thairis nuair a bhrùchd an sgainneal: ‘theich e le näire, / Is thug e don Spàinnit leis *Grandfather’s Clock*’, mar a sheinn MacPhaidein.

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

Shaoil mi gun robh mi 'n Dùn Èideann,  
Ann an talla mhòr na Beurla,  
'S gruagaichean a' luadhadh air clèithe [...]

Shaoil mi gun robh 'n siud a' Bhanrigh  
Na suidhe anns a' chathair Ghàidhlig,  
Leughadh Sàr Obair nam Bàrd [...]

[...] 'S bha MacFhionghain agus Blackie  
Cur nan car dhiubh dannsadh.

'S ann anns na deicheadan mu dheireadh den naoidheamh linn deug a sgooil dealbh-thogaileachd am measg an t-sluagh, agus bhiodh dùil gun toireadh na bàird sùil air an annas, co-dhiù b' ann le iongnadh no aighear no le amharas. Chomharrach Uilleam MacDhunlèibhe teachd a' chamara le sanas is earail – 'a kind of commercial in verse' (Whyte 1991, 32) – ann am 'Pàraig nan Dealbh':

An teachdaireachd so thun nan Gàidheal,  
Anns gach àit' air tìr 's air fairge,  
Innleachd ùr a ghléidheas cuimhne,  
Na thèid bhuainn thar tuinn air thearbadh,

'S ma thilleas no nach till iad thairis,  
'S èibhinn an sealladh moch is anmoch,  
Dealbh na dh'fhalbh a bhith ga fhaicinn,  
'S dealbh na dh'han a bhith taisgt' an earbsa,

[...]

Thus' a leughas an rann seo,  
Ged a dh'faodas tu bhith gann de stòras,  
Thig a-nall gu Sràid Iamaica  
Far am faic thu fèin an còrr dheth.

Gheibh thu 'n talla mòr na h-innleachd  
Gàidheal dìleas a chur fàilt' ort,  
Fear modhail, suairce, duineil, siobhailt,  
'S nach bi miòdhar riut ma phàigheadh,

'S e 's ainm dha Paraig òg MacUalraic,  
Duin' uasal à Earra-Ghàidheal,

'S chan eil am Breatann no 'n Èirinn  
Fear eile san dreuchd a bheir bàrr air. (1882, 212–13<sup>22</sup>)

Ma tha e ‘characteristic of Livingston at once to link the availability of photographs to the reality of the clearances and the definitive separations they caused’ (Whyte 1991, 34), bu dual do MhicPhaidein gur ann le àbhachd is fèin-mhagadh a dhèilig e fhèin leis a’ chuspair. Tha e a’ toirt cunntas dhuinn air mar a thadhail Comann Gàidhealach Ghlaschu air cùil-mhullaich ‘photográpher’ – ‘bu phròiseil iad air an rathad [...] / On a tha iad ainmeil, / Bha ’n dealbh a dhìth orra tharrainn’ (1890, 80) – agus mar a chaidh an sàrachadh cho dona le cuileagan ('luchd an fhèilidh, / Iad fhèin fhuair a' chuid bu mhiosa'!) nach b’ fhiach an dealbh a thàinig às a shealltainn do dhuine sam bith:

Nuar chunnaic sinn na h-aogaisg,  
Chan fhaodamaid an cur air balla;  
Bha MacAoidh a’ caogadh,  
Is bha clao-nshùil air Mac a’ Phearsain;  
Bha Eanraig<sup>23</sup> ga phianadh,  
'S a chiabhagan air am pabadh;  
Cuileag air a bheul  
Is e feuchainn oirre le a theangadh.

Air uairean thèid tachartas a ‘ghàidhealachadh’ air àbhachd an luchd-èisteachd. Tha dà òran, mar eisimpleir, a’ comharrachadh euchd sanasail aig Thomas Lipton, am fear-mhalairt sàr-shoirbheachail aig a robh bùthan gròsairreachd air feadh Ghlaschu mus do sgaoil iad gu bailtean air feadh Bhreatainn anns na 1880an. Aig toiseach nan ceithir ficheadan, mar a chuimhnich e fhèin air, ‘I pulled off what was admitted to be the cleverest piece of advertising which had been successfully attempted by any British trader’ (Lipton [1931], 122). Air 12 Dùblachd 1881, ràinig an càise as mothà air an t-saoghal bruaichean Chluaidh: ‘At Christmas 1881 the police had to be sent to the Broomielaw to control the crowds awaiting the arrival from America of a monster cheese 11 feet in circumference’ (Smart 2002, 19). Bha an ‘Jumbo’ air a dhèanamh, a rèir coltais, den bhainne aig ochd ceud bò ’s iad gam bleaghan fad sia làithean le dà cheud banaireach (Lipton [1931], 123; Mackay 1998, 104–05). Chaidh a thaisbeanadh ann an uinneag bùth Lipton an Sràid Iamàica

<sup>22</sup> Chan eil na rannan air an cur sìos nan ceathramhan anns an tùs, ach mar aon rann fada.

<sup>23</sup> An e seo Eanraig MacIlle-bhàin (Fionn), a bha còmhla ri MacPhaidein air fear de bhuill-stèidheachaидh Comann Gàidhlig Ghlaschu an 1887 (MacCorquodale 1934, v)?

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

fad cola-deug, mus deach a ghearradh (no a chladhach) an latha ron Nollaig. Bha Lipton air buinn òir fhalach na bhroinn, agus reiceadh gach punnd den trì mìle gu leth an latha sin fhèin (Mackay 1998, 104). Rinn MacPhaidein *vaudeville* Gàidhealach den tachartas seo ann an ‘Óran na Mulachaig’ (36–39; Meek 2003, 106–10) – anns a bheil Gàidheil bho gach ceàrnaidh ag innse nam breug mu na bòisteann de chàisean mòra a chunnaic iad fhèin aig an taigh – agus cuideachd ann an ‘Cumha na Mulachaig’ (84–85), a dh’innseas mu reic a’ chàise ‘moch Disathairne roimh Nollaig’, agus a bhuaidh làdir orra sin a ghabh cus dheth:

Fada mun d’ rinn pàirt dhinn èirigh,  
'S cian mun facas solas gréine,  
Fear le spaid, 's e às a lène  
A' reubadh na mulachaig.

Ach rinn an oidhche pàirt dhiubh dhearbhadh;  
'S iomadh fear a chrean gu searbh air;  
Chùm e mòran às an t-searmoin,  
Na bha bheirm sa mhulachaig.

Gheibhean cunntasan air cleachdaidhean eile a bhiodh aig na Gàidheal ann an Glaschu, mar eisimpleir air Oidhche Shamhna (1890, 10–12); sgrìob sios an abhainn aig àm na Bliadhna’ Ùir (1890, 15–17); sgrìob ‘don Theatre sna Cowcaddens’ (1890, 26–27);<sup>24</sup> am biadh a bha ga reic air cabhsairean a’ bhaile (1890, 77–79); boile Là Naomh Valentine (1890, 86–87); feasgar Dòmhnaich stoirmeil aig drochaid a’ Bhroomielaw (1890, 162–66); suiridhe is sràidmeachd aig an Drochaid (an ‘Hielenman’s Umbrella’?) (1890, 90–92); feasgaran frogail anns na taighean-òsta gus an glaoide ‘Forbes!’ (1890, 77).<sup>25</sup> Cluinnear fiù ’s mu phoileataigs bheag Chomann Mhuile ’s Ì Chaluim Chille, is litir gun urra ga sgaoileadh am measg nam ball (1890, 95–96).

Chan ann an-còmhnaidh ri fealla-dhà a bhios MacPhaidein, ge-tà. A bharrachd air bhith a’ toirt sùil amharasach air geallaidhean luchd poileataigs an ama – fiù ’s iadsan a chanas gun seas iad còirichean nan croitearan (1890, 46) – tha teachdaireachd mhoralta aige fhèin mu dhroch bhuaidh na dibhe. Ann an ‘Óran don Mhisg’ (1890, 67–69), cluinnear mun mhilleadh a tha ga dhèanamh air teaghlaichean bochda, agus dealbh

<sup>24</sup> An Theatre Royal, a chaidh ath-fhosgladh ann an 1882, no an Grand Theatre ‘where the west end went for its blood and thunder’ (Oakley 1975, 141–42).

<sup>25</sup> Àm dùnaidh, aig 11 u.f.. Chaith riarrachadh deoch làdir agus uairean fosglaidh nan taighean-seinnse an Alba a chuingleachadh le reachdas Pàrlamaid a mhol William Forbes Mackenzie ann an 1853 (Haythornwaite 1993, 145–46).

air a tharrainn de bhoireannach a' tuiteam an dubh eisimeil na dibhe 's a cuid cloinne a' fulang da rèir (ged a tha MacPhaidein a' seachnad na ròlaisteachd a gheibhear ann an 'Taigh a' Mhisgeir' aig Niall MacLeòid (1975, 59–62)). Anns an dàn fhada 'Còmhradh ri cailleach-oidhche' (1890, 49–64), tha am bàrd, 's e air an rathad dhachaidh às dèidh feasgar aighearach san taigh-òsta, a' coinneachadh ris an eun (*ingénue Ghàidhealach eile*), 's i air mullach Eaglais Choluim Chille an Sràid an Dòchais;<sup>26</sup> rè a' chòmhraiddh, tha a' chailleach-oidhche a' càineadh na foille 's an droch bheus a bhios i a' faicinn an dà chuid taobh a-staigh na h-eaglaise agus air sràidean Ghlaschu: spìocachd is beul-chràbhadh, ana-mheasarrachd is meirle.

Ann an còmhradh eile eadar am bàrd agus spiorad na bàrdachd, 'Dealbh na maighdinn' (1890, 139–47), gheibhear càineadh làidir air luchd-màil 'Criostaidh' gun daonnachd (145):

A' bhantrach ga cur a-mach  
Le pàistean lag is ciòcharain,  
Le duin'-uasal rèir a choslais,  
'S brosgalach na sheanachas;  
Chuir e mach i air an t-sràid  
A chionn nach páigh i 'n t-airgead dha  
Nach eil aic'.

Ann an 'Eachdraidh agus trioblaidean Dhòmhnaill an Ùird' (1890, 101–04) innsidh an t-òigear gun do dh'fhàs e searbh sgìth den bhuachailleachd is den chìobaireachd, agus mar a dh'èirich dha nuair a chuir e aghaidh air Glaschu is dùil aige 'nach biodh cùram dhomh gu dìlinn, / Agus ceàird bhith air mo mheoir' (102). Ach feumaidh e aideachadh gu bheil e a-nise mar ghearran 'air mo theannachadh sna hems' le 'màl is càin is ceannach, / Cùram taighe, bean is clann'. Thèid a shàrachadh a bharrachd le daoin'-uaisle a' sireadh a bhòt airson faighinn chun na Pàrlamaid. Ged a gheallas 'ma gheibh iad suidhe / Nach bi cogadh tuillidh ann' (104), cha bhi guth tulleadh air sìth aon uair is gum faigh iad a-staigh:

Thàinig nuallanaich nan cannon  
Thar na mara oirnn a-nall,  
Agus chualas fuaim na druma,  
'N dèidh a h-uile rud a bh' ann.

<sup>26</sup> Dhùineadh an togalach ann an 1900, agus dh'fhosgladh an eaglais ùr ann an Sràid Naomh Vincent an 1904 (MacGregor 1935, 51, 55).

Tha ‘Còmhradh ri Calman-coille’ (1890, 127–38) a’ càineadh spùilleadh na Gàidhealtachd, mealladh na saighdearachd (‘Chuala iad is dh’èist, mo chreach, / Ri gealladh math ’s droch phàigheadh’ (130)), boirbe nan cogaidhean, agus cor truagh na feadhainn a thilleas ‘air na trostain, / Briste, breòite, truagh dheth’ gu dùthaich fhàs, ’s iad gun charaid is gun mhaoin, ‘le pension [...] / Nach ceannaicheadh min do phàiste, / ’S nach biadhadh cearc’ (136).<sup>27</sup>

Bha ceist an fhearrainn na chuspair beò an dà chuid do na Gàidheil agus (an lùib ceist an fhèin-riaghlaidh) do na h-Èireannaich ann an Glaschu.<sup>28</sup> Bha na h-Èireannaich lìonmhòr sa bhaile,<sup>29</sup> agus mar a bhiodh dùil gheibhean iomradh orra ann an òrain MhicPhaidein, ach iomraighean a leanas iomhaighean *vaudeville*. Tha laochan an òrain ‘Ho rò, tha mi fo smalan dheth’ a’ gabhail smùideag aig a’ Challain agus, às dèidh a bhith a’ coimhead air clach-iomhaighean Ceàrnag Sheòrais (’s iad, ar leis, a’ dannsa), tha e a’ tionndadh gu sabaid ’s gu ‘murt nan Èireannach’ le giadh na Callainn, air sgàth facial tàireil (1890, 30). Tha sreup eile san taigh-chluich a’ cur an cuimhne don bhàrd ‘na h-Èireannaich – a’ ghràisg – a bh’ air an t-sràid a’ *boycottadh*.<sup>(27)</sup><sup>30</sup> Tha na h-Èireannaich gu soilleir nan cùis-àbhachd don luchd-èisteachd Ghàidhealach ann an ‘Óran Margaidh an t-Salaínn’ (93–94; Meek 2003, 112–14), ’s iad a’ dannsa ’s a’ sabaid air an t-sràid, agus a’ teicheadh gu ‘na tuill fo thalamh / mar radain is abhag nan dèidh’ cho luath is a chluinnear fideagan a’ phoilis:

Na O’ Rorks ’s na McGorks ’s iad a’ mort nan O’ Branigans,  
bh’ aig Kelley *shillelah* ’s e ’g èirigh air Flannigan,  
Michael Mulhoul gun d’ dhall e O’ Rafferty,  
’s leag iad McCafferty fhèin.

<sup>27</sup> Bhiodh òran na bu bhrìoghmhoire aig Dòmhnull Ruadh Phàislig air cruidh-chàs an fhir-obrach sa bhaile mhòr agus cealgaireachd luchd-poileataigs, ann an ‘Aoir an luchd-riaghlaidh’ (Macintyre 1968, 266–77).

<sup>28</sup> Bhruidhneadh gaisgich na strì leithid MhicDáibheid agus Theàrlach Stiùbhart Parnell aig coinneamhan anns a’ bhaile, agus ’s ann ann an Glaschu a chruiinnich coinneamh bhliadhnail an *Irish National League* ann an 1885 (Handley 1947, 272–74).

<sup>29</sup> ’S ann an Èireann a rugadh an treas cuid de na h-in-imrich uile a bha ann an Glaschu aig meadhan an linn (60 000, no 18% de shluagh a’ bhaile air fad, an taca ri 18 000 (beagan is 5% den t-slugh air fad) a rugadh air Ghàidhealtachd). Ged a chaidh na h-àireamhan an lughad anns an dara pàirt den linn, bha fhathast 13% de shluagh Ghlaschu an 1881 a rugadh an Èirinn, agus 9% an 1901 (Withers 1996, 149).

<sup>30</sup> Thug MacPhaidein am facial ùr a-steach gu bàrdachd na Gàidhlig mun aon àm ’s a nochd e ann am Beurla. ’S ann an 1880 a rinneadh an iomairt an aghaidh Charles Boycott ann am Máigh Eó agus a chruthaiceadh an gnìomhair ‘to boycott’. Sgaoil diùltadh conaltraidh mar bhall-armachd aig Liòg an Fheàrrainn (Hickey & Doherty 1980).

A bheil dreach Beurla nan ainmean na chomharradh idir air cho beag mothachadh co-cheilteach 's a bha aig MacPhaidein no a bha a' dol eadar Gàidheil is Èireannaich Ghlaschu aig an àm? Mas ann às na bailtean mòra a bha a' chuid mhòr de na h-in-imrich Èireannach (Withers 1996, 150), is iongantach gum biodh Gaeilge aig mòran dhiubh, agus chuireadh sin an lughad co-aithne eadar an dà shluagh. Ach is cinnteach gun robh a' chànan fhathast aig an fheadhainn a bha tighinn bho Mhàigh Eò, Dùn nan Gall agus Gleannanan Aontraim; bha an Calton aithnichte mar cheàrnaidh ('Connacht Square') anns an robh coimhlearsnachd Ghaeilge air tuineachadh, agus chlàraich am pàipear Caitligeach *The Glasgow Free Press* (a nochd o 1853 gu 1868) gu robh sagairtean a dhìth aig an robh a' chànan airson sàcramaid na h-èisteachd a lìbhrigeadh do na seann daoine (Handley 1947, 228–29). Bhrosnaich Comann Gàidhlig Ghlaschu fhèin ceanglan dlùth leis na h-Èireannaich anns na 1890an, fo stiùireadh Eanraig 'Fionn' MacIlle-bhàin (ibid., 230-31). Le sin uile, am b' fheàrr smaoineachadh air 'Òran Margaidh an t-Salainn', ma-thà, mar phios àbhachd a bheireadh gàire do dh'Èireannaich a bha a' frithealadh nan oidhcheannan Gàidhlig, a cheart cho math is a bheireadh do na Gàidheil fhèin?

Ma tha buaidh *music-hall* ri aithneachadh san ìomhaigh a tharraing MacPhaidein air na h-Èireannaich (Meek 2003, 412), tha blas nas nimheile air an diomoladh sgaireil a rinn Alastair Moireastan à Uibhist a Tuath ann an 1874 's e na shaor am Baile Ghobhainn. Tha 'Òran nan Èireannach an Glaschu', 'a humorous and really clever satire on the Glasgow Irishman' (MacDonald 1911, liii) gan dealbhadh mar dhaoine borba, brùidean 'ro thruaillidh' le ainmean is coltas neònach orra, nan tràillean aig an deoch, agus an creideamh ceàrr aca a bharrachd (MacDonald 1911, 321; §§ 1, 5–7, 9):<sup>31</sup>

Innsidh mise sgeula  
Mu na h-Èireannaich an-dràsta dhuibh –  
Cho fad 's a nì mi lèirsinn dhomh  
Gur creatairean mì-ghnàthaitch' iad;  
On thàinig iad don dùthaich seo  
Gur beag tha cliù ri àireamh orr';  
'S e an t-arm a bhios mar sgiath orra,  
Droch sgian anns am bi beàrnachan.

---

<sup>31</sup> 'S e an aon dàimh a dh'aidicreas Moireastan eadar na h-Èireannaich is Gàidheil Alba, 'gun robh grunnd dhiubh leis [a' Phrionnsa Teàrlach] gun bhàsaich e'.

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

Cha chuideachd le daoin' uaisle iad,  
'S cha chruaidh leotha ged bhàsaicheadh  
Gach neach a tha san rioghachd dhiubh,  
'S mi fhìn a dhèanadh gàire ris;  
Gum falbhainn agus taod agam  
De ghaoisid an eich bhàin riutha;  
'S gun rachainn chum na fèille leo',  
Iad siud an sprèidh nach àrdaicheadar.

Ged bhitheas sinn gan èisgeadh,  
Gura feumail dhuinn air uairibh iad  
Gu cairteadh nan dùn innearach  
'S gu cruinneachadh na luathadh dhuinn;  
'S math gu glanadh shràidean iad,  
Chan fhàg iad fiù 's buachar orr' –  
Tha 'n stamagan cho làdir  
'S nach cuir fàileadh dad a bhruaillean orr'.

'S fheudar dhomh nis innse dhuibh  
An intinn a th'aig pàirt aca:  
Ged bhiodh iad mar an sioda riut  
Tha'n inntinn cho droch nàdarrach;  
Ma tha thu na do Phròstanach  
Cha sòradh iad an làmhag ort,  
'S nam faigheadh iad an cuìl thu  
Cha bu chùis dhuit a bhith sàbhailte.

Cha bhi mi ris a' chòrr dheth,  
Ach bu tròcaireach do dh'Alba nis  
Gum biodh iad air am fògradh às,  
Gach Ròmanach tha falbh innte.  
Gun èireadh Grian na Fireantachd  
Air inntinn luchd nan Garbh-chriochan,  
'S cha bhiodh iad air an sàrachadh  
Mar tha iad aig na falbhanaich.

Leis mar a tha nòsan sgaiteach na h-aoire anns a' Ghàidhlig, is dòcha nach gabh na tha anns an òran de ghràin no de dh'abhachd a thomhas ro mhath, ach chan e àm ro àbhachdail a bha ann a thaobh cùisean Èireannach ann an Glaschu: rinn Moireastan an t-òran aige goirid mus do thachair an aimhreit mhòr ann am Partaig eadar luchd an Òrdugh

Orainds agus luchd>tagraidh Fèin-Riaghlaidh do dh'Èirinn (Handley 1947, 117–18).

An e creideamh as coireach, no buaidh spiorad an ama trì fichead bliadhna às dèidh sin, gu bheil barrachd co-fhulangas aig saor Uibhisteach eile, Dòmhnull Mac an t-Saoir, anns a' bheagan a chanas esan mu na h-Eireannaich an Glaschu – ‘Pàdraig na fhallas / sìos is suas ann am faradh’, ‘Brìdeag is rabhd oirre / falbh a chàidseadh sa bhaile / mum faigh i dad’ (Macintyre 1968, 270)? Chan eil cus aig Dòmhnull Ruadh ri ràdh mu Glaschu fhèin, ach gheibhear aitealan beothail de bheatha luchd-obrach a' bhaile ann am ‘Bùth Dhòmhnaill ’Ic Lèoid’, ‘Sporan Dhòmhnaill’, agus ‘Aoir an Luchd riaghlaidh’ (160–66; 266–77).

### Dùn Èideann

Mar a bhiodh dùil, nochdaidh Dùn Èideann anns a' bhàrdachd nas tràithe agus nas trice na Glaschu, mar ionad cumhachd far an glèidhear còirichean sgrìobhte nan uaislean (Dùghallach 1829, 99, 171), agus às an cluinnear bhuapa no bho an luchd-lagha.<sup>32</sup> Bho dheicheadan anmoch an ochdamh linn deug, cluinnear mar an ceudna molaidhean do na h-uaislean sin a bha a' cumail suas an dualchais tro na comainn Ghàidhealach anns a' bhaile.<sup>33</sup>

Ach aig deireadh an t-siathamh linn deug, 's e cianalas a gheibhear bhon Chiaran Mhabach, bràthair MacDhòmhnaill Shlèite, 's e '[a'] frithadaladh air leighichean' ann an Dùn Èideann is 'Lìte nan Long': b' fheàrr leis-san 'bhith siubhal ghlacagan caol, / na bhith triall chun na h-Abaid, 'g èisteachd glagraich nan saor' (Stewart 1804, 485).<sup>34</sup> Mu cheud bliadhna às dèidh sin, nì Donnchadh Bàn òran molaidh don phrìomh-bhaile gun iomradh sam bith gu bheil àireamhan mòra de Ghàidheil ann (Macintyre 1978, 340–44). Do chuid a bhàird air iomall na Gàidhealtachd chan fhaighear àite nas coimhich an Alba: tha tuathanach an Eilean Idhe, Aonghas MacLaomainn (1770–1856), a' bruidhinn air 'Dùn Èideann nan Gallaiibh' (Ritchie 1904, 77), agus mun aon àm tha Barbara Ni'n Roib ann an Dùthaich MhicAoidh a' gearan gu bheil Duirnis 'an-diugh cho

<sup>32</sup> Mar eisimpleir 'Cumhadh Iarla Bhraid Albain' (Caimbeul 1785, 67); 'Òran do Mhor-fhear Hunntaidh', is am bàrd 'air madainn fhuar don gheamhra, / air Monadh Taisg-thaigh Dhùn Èidinn' (MacGhriogair 1801, 73); 'Marbhrainn do Choirneal Domhnullach Innse, 1813' (MacDonald 1911, 134); 'Òran do Thighearna Cholla' (MacIlleain 1818, 31); "S gann gun dirlich mi chaoidh" (Mac-na-Céardadh 1879, 492).

<sup>33</sup> Mar eisimpleir 'An Coir Chomunn' le Raibeart MacGhriogair (1796) (Robertson 1932, 20–34); 'Òran don Chomann Rioghail Ghàidhealach' (Stiubhard 1802, 1–5); 'Òran molaidh air a' Ghàidhlig' (MacGhriogair 1818, 16–19); 'Òran don Olladh MacLeòid, agus don Teachdaire Ghàidhealach' (Mac an t-Saoir 1829, 2).

<sup>34</sup> Tha e coltach gu robh Gilleanbaig Ruadh anns a' bhaile anns na 1670an agus obraichean-togail mòra gan dèanamh air Abaid Holyrood (Ó Baoill 1994, 232).

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

Gallda / Ri cabhsairean Dhùn Èideinn' – 's i air cluinnntinn gur e Oidhche Mheasarrachd a tha am ministear a' cur air dòigh airson na Callainn, gun deur de dh'uisge beatha ri fhaighinn ann (Gunn 1904, 19–20). Ged a tha iomradh ann an aon mhith-òran air 'Dùn Èideann nan ceud fasan' (Campbell 1977, 164), chan eil foirmle molaidh (no diomolaidh) a' faighinn grèim air mac-meanmna nam bàrd mar a chualas airson a' bhaile siar.

Ann an òran à Baideanach tha fear ag innse mar a chaidh a mhealladh is e 'mach air bràigh Dhùn Èudainn' gus gabhail do rèiseamaid Ghàidhealach ri linn cogaidhan na Frainge (Sinton 1906, 221–22). Bha beatha na bu sheasgaire air a bhith aige ann am feachd-faire a' bhaile fhèin a bha an ire mhath gu tur Gàidhealach, a rèir coltais, san darnna leth den ochdamh linn deug.<sup>35</sup> Ged nach eil an *City Guard* a' faighinn ach iomradh glè bheag ann am bàrdachd Dhonnchaidh Bhàin no eile, cluinnear mu fheachd eile a bha a' tarraing nam fireannach às a' Ghàidhealtachd chun a' phrìomh-bhaile, is dòcha às dèidh seirbhis san airm. Sgriobh an dotair Sasannach William Thomson, mu dheireadh an ochdamh linn deug:

It may be observed, that, as the offices of drudgery and of labour [...] are generally performed in London by Irishmen, and Welch people of both sexes, so all such inferior departments are filled in Edinburgh by the Highlanders. The rising generation aquire more enlarged views than their fathers, and strike into other paths of life: so that there is a constant influx of stout healthy men from the mountainous country into Edinburgh, as well as into other cities of note in Scotland, to supply the places of porters, barrow-men, chairmen, and such like. (Newte 1791, 362)<sup>36</sup>

---

<sup>35</sup> 'The city-guard consists [in 1783] of the same number of men as in 1763, although the city is triple the extent, and the manners more loose. The High Street is the only one that can be said to be guarded. [...] The country in general has improved much in the English language since 1763; but the city-guard seem to preserve the purity of their *native Gaelic tongue*, so that few of the citizens understand or are understood by them. On disbanding the army, one would have imagined that a corps of good men, who understood English, might have been got in place of Mountaineers.' (Creech 1791, 90) Agus sgirobbadh fear-tadhail Sasannach mun àm seo cuideachd: 'It is also Highlanders, chiefly, that compose the City-Guard of Edinburgh.' (Newte 1791, 362)

<sup>36</sup> Tha 'Thomas Newte' (an Dotair William Thomson) a' leantail: 'The resort of Highlanders to the Scottish metropolis is so great, that there is a chapel, where divine service is performed in the Erse language. The Highlanders naturally associate with one another, and live chiefly together, as a different people from the Lowlanders, which

Agus bheachdaich fear-siubhail Sasannach mu na cathraichean:

There are at present 188 hackney chairs in Edinburgh, besides about 50 private ones. The street chairs are to be had at a minute's warning, at all hours of the night or day. The fare is very reasonable; the chairmen are all Highlanders; and they carry the chairs so much better than the Irish chairmen of London, that an inhabitant of Edinburgh who visits the metropolis, can hardly repress his laughter at seeing the awkward (*sic*) hobble of a street-chair in the city of London. (Arnot 1779, 598–99)<sup>37</sup>

Tha Maireadar Ghriogarach ann am paraiste Blàr Athaill (anns a' chairteal mu dheireadh den 18mh linn?) ag innse gun do dh'fhalbh a fear-taighe, còmhla ri mhac is a bhràthair agus 'iomha fear' eile, a 'Dhùn Èudann dh'ionnsaigh nan caithirichean', air sgàth 'lag phris air an fheudail [a] chuir eis air an dùthaich' (1831, 55–56). Mun aon àm, tha an t-Athalach Raibeard Stiùbhard a' seinn gur 'iomha gille glan Gàidhealach / tha air sràide Dhùn Èidinn', agus am bàrd a' togail 'deoch-slàint fir nan seidhir' ann an òran do Dhòmhnaill MacGlaisein, 'maighstir chathraiche' (Stiùbhard 1802, 126–28). Tha e a' moladh nan *chairmen* a-rithist, gu h-àraidh mar shàr shaighdearan, anns an 'Òran do Luchd-giùlan chaithrichean an Dùn Èideann' (149–52, §§ 1–3):

'S iad mo rùin na h-àrmainn spèiseil,  
Ris an abair càch na Sheirmain,  
'S ged a tha iad an Dùn Èideann,  
'S mòr an spèis thug iad don Ghàidhlig.

Nàile 's iad mo rùin na h-àrmainn,  
Shiubhas eutrom air na sràidean,  
Nàile 's iad mo rùin na h-àrmainn.

'S iomadh neach gam bheil iad feumail,  
A bhios aineolach gun lèirsinn,

---

indeed they are. Their children are taught the Erse language, just in the same manner that the children of the Jews are taught Hebrew in London.' (Newte 1791, 362–63)

<sup>37</sup> Tha iomradh air Arnot agus Creech ann an MacRitchie 1927, 244–45. Tha cunntas bho 1849 anns a' *Glasgow Herald* cuideachd a' cuimhneachadh na bha de sheathraighean sedan ann an Glaschu mu thoiseach an linn, 'carried mostly by Highlanders' (Pagan 1884, 272).

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

Bhios a' farraid càit an tèid iad –  
'S iad na Sheirmain a nì stàth dhaibh. Nàile 's iad, &c

'S iad mo rùin na gillean tuathach,  
Air am bi an dà chríos guaile,  
'N àm na h-iomairt 's iad a ghluaiseadh,  
'S gum bi buaidh leo mar a b' àbhaist. Nàile 's iad, &c

Tha Iain Griogarach à Gleann Lìomhainn, am Bàrd Smeatach (Robastan 479, 83), esan a mhol 'baile nam buadh / Fo sgèith Uisge Chluaidh', a' fàgail soraidh slàn leis a' cheanna-bhaile ann an 'Cead an ùighdair do Dhùn Eudann, agus do na beanntaibh Gàidhealach', 's e a' togail casaid shòisealta agus gearan na h-aoise le chèile (MacGhrigair 1818, 19–22):

Tha mise aig sgèith Suidh Arthair,  
Am shuidhe fo phasgadh na tuath-ghaoith,  
'S mo smuaintean air a' ghainne th' againn,  
Ged tha pailteas mòr mun cuairt domh.  
Tha 'n tìr seo torail, fada, farsaing,  
An tuath air fàs ascain, uaibhreach,  
Am fad a bhitheas iad cho socrach  
Cha dirich na bochdan an uachdar.

'S iomadh nì a tha mi faicinn  
Nach eil taitneach anns an uair seo,  
Cha tuig am fear e a tha beariteach,  
Fear na h-airc' cha ghabh e truas ris;  
Tha gach riaghlaир air an tachdad,  
Chan e an ceartas a tha bhupa –  
B' fheàrr leo màm a chur nan sacaibh  
Na 'm feumach fhaicinn a chruaidh-chùis.

Bho àirde Shuidh Artair chì e lùchaint nan rìghrean' 's i nis 'ùdlach uaigheach', 'an taigh adhraidh air a chùl [...] a-nis air tuiteam sìos na smùr', agus Baile mòr Dhùn Èideann 'far an robh mi fein am òige' ach far nach fhaic e a-nis ach glè bheag de cho-aoisean is de chàirdean-feòla 'a nì gàire rium no còmhchradh'.

Chì mi Lìte 's an cuan farsaing,  
Chì mi 'm Bas 's Tantallain,  
Chì mi Cusbairean Bhallais,

Tha iad thall ud mar a bha iad;  
Chì mi Aiseag Banrigh Chaluim  
A chaidh thairis do Dhùn Phàrlain,  
Chì mi na Maoil Oicheallach, bhuidhe,  
Chì mi Sliabh an t-Siorra 's Sliabh Dhaibhidh.<sup>38</sup>

'S e sealladh togarrach air a bheil Donnchadh Gobha (Mac an Tòisich) a' toirt fianais ann an 1832, 'latha a' cho-chruinneach bha 'n Dùn Eudann nuair bha builleadh (*sic*) an Reform air a sheulach leis an Rìgh' (MacIntosich 1830n?, 13–14). 'S ann san Iuchair 1832 a thugadh aonta rìoghail don bhive Albannach (a bha gu ìre a' leudachadh còirichean bhòtaidh), agus chumadh 'Reform Jubilee' mhòr ann an Dùn Èideann san Lùnastal.<sup>39</sup> Ach ged a tha am bàrd a' toirt urram aig toiseach an dàin don Phriomhaire Teàrlach Iarla Grey (a 'choisinn [...] dhuinne an t-saorsa'), agus a' faighinn toileachas mòr à ruraig nan 'Torries', tha glè bheag de thugse ri faighinn san òran air brìgh no buaidh na bile; agus mas e gu dearbh an Reform Jubilee air a robh am bàrd a-mach, chan aithnichear tron ùr-labhairt ghaisgeil gur e aonaidhean-ciùird a' bhaile a chuir air dòigh an cruinneachadh (Meikle 237–38) 's nach b' e luchd an airm:

Nuar thàinig an sgeul oirnn air thuras,  
Nall à Lunnainn do Dhùn Eudann,  
Dh'èirich cridhe gach duine,  
Mar chabhlach air tuinne fo brèidibh.

<sup>38</sup> Am b' urrainnear nach robh Deòrsa Caimbeul Hay eòlach air an dàn seo 's e a' sgrìobhadh 'Air Suidh' Artair dhomh mochthrath' mu 1960? Bhiodh cothroman gu leòr aige an leabhar fhaicinn is e ag obair aig an Leabharlann Nàiseanta mun àm seo (faic an t-ionradh aige air MacGhraigair 1801 agus 1818 ann an aithisg an lùib NLS Blair.502). Gheibhearr còig rannan den dàn ann an làmh-sgrìobhainn Adv.72.2.23 cuideachd.

<sup>39</sup> Sgrìobh am Morair Cockburn aig an àm: '11<sup>th</sup> August 1832. The ceremony called the Reform Jubilee took place at Edinburgh yesterday. Externally it was a beautiful and magnificent spectacle, but its real impressiveness lay in what it denoted. At ten in the morning the various trades and societies in and around the city assembled, with banners, devices, and music in Bruntsfield Links, and ranged themselves in regular order from east to west, with their backs to the south wall. There were about 15 000 of these on the ground. [...] The Links were nearly filled – a fact which implies that from 30 000 to 40 000 must have been present, besides the 15 000 in procession. I was not on the hustings, but I saw the ocean when the tide was full. It was a glorious sight, improved by a splendid day in a splendid season. They passed an address to his Majesty, the House of Commons, and Earl Grey, and sang 'God Save the King', 'Rule Britannia', and 'Scots wha hae wi Wallace bled'. This part of the ceremony was sublime and effective; the last song particularly, which was joined in by thousands of voices all over the field, with the earnestness and devotion of a sacrament.' (Cockburn 1874, 33–34) Airson beachd air cho beag adhartas deamorasach a thàinig tron bhive, faic Ferguson 1966.

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

Ghluais am baile gu h-iomlan,  
Mar thonnaibh na mara ri ioma-ghaoth –  
Cò a b' urrainn am pillea' san iorghaill  
Nuair fhuair na gillean fon armaibh?

Nuair chaidh iad an dlùths ri chèile,  
'S a chruinnich gach Rèismeid fom brataich,  
'S an Còirneil fein air gach trèibh dhiubh,  
'S gum b' aigeantach eutrom na gaisgich.

Bu lìonar trompaid ga sèideadh,  
Pìob ga speuchdad 'n achlais,  
Mac-talladh nan creag na èiginn  
A' freagairt mar bheus don caismeachd.

Chan fhacas 's cha chualas iomradh  
An eachdraidh, an sgrìobhadh no 'n seanchas  
Gun robh a leithid riamh an Alba  
On bha 'n crùn air ciad Rìgh Fearras.

Nuair chaidh na laoich òg air màrsal,  
Bu chòmhnard stàiteil an coiseachd,  
Bha còrr is dà mhìle a talmhainn  
Eadar an earball 's an toiseach.

Choisinn iad uile an t-urram  
De na chunnaic mi gun àicheadh,  
Ach ged a shiùbhlainn fad na cruinneadh  
Chan fhaicinn ann cuimeas a' Ghàidheil.<sup>40</sup>

Tha ministearan Gàidhealach Dhùn Èideann air am moladh anns a' bhàrdachd cuideachd: tha marbhraunn aig a' Bhàrd Smeatach da fhearr-chinnidh Maighstir Iòsaph MacGriogair (1818, 3–8), a bha air a shuidheachadh anns an eaglais-ghoireasach Ghàidhlig bho 1775 gu bhàs ann an 1801 (Scott 1915, 30); agus mu mheadhan an naoidheamh linn deug, tha Dòmhnull Rothach à Luinn a' toirt urram do Alasdair MacEalair (Mac-an-Roich 1848, 163–64), a shaoithrich ann am paraiste Ghàidhlig an Naoimh Òdhrain (ann an Horse Wynd sa Chanongate) eadar 1846 is 1849 (Scott 1915, 31). Canaidh an Griogarach gum bu 'bhochd faontrach' Gàidheil Dhùn Èideann mus do ghabh Mhaighstir Iòsaph

---

<sup>40</sup> Tha còig rannan a bharrachd a' moladh nam feachdan Gàidhealach.

cùram dhiubh, 's iad ‘gun taigh adhraidh no ùrnaigh, / Ach nan sìneadh san smùraich / 'S nan cadal sna cùiltibh’:

Nuair bha na Gàidheil nan èiginn  
Am baile Dhùin Eudainn,  
Gun do dhearbh e a spèis daibh;  
B' e a' chiad fhear a dh'èirich  
Ann an Albainn, 's cha bhreug e;  
B' e riaghlairenan ceud e,  
'S b' e am miann bhith ga èisteachd,  
Thug e am fradharc gu lèir dhaibh,  
'S tha nis a' Ghàidhlig ga leughadh  
Anns gach baile an tèid sibh.

Chan eil fhios dè cho fada is a bha an Rothach a' còmhnaidh anns a' phriomh bhaile,<sup>41</sup> ach tha e follaiseach bho chuid bàrdachd gu robh cultar Gàidhealach beothail ann ri latha. Ma sheinneas am bàrd cliù MhicCalum Pholl Talach aig an taigh (ibid., 44, 79-80), molaidh e cuideachd dithis de Chlann 'Ic Chaluim a tha nam marsantan fiona anns a' bhaile mhòr (Mac-an-Roich 1848, 143-44):

Seinneam cliù nam fleasgach sìobholt  
Tha 'n Sràid MhicNeacail an stòr an fhòná,  
Ceithir fichead is a trì deug,  
'S e siud an t-àireamh gum b' àill leam fhìn dol.

'S e siud an t-ionad sam bi an t-èibhneas  
Nuair thig na Gàidheil an ceann a chèile.  
Gheibh am bàrd a bheir Gàidhlig rèidh dhaibh  
Pògan làimh a bheir rann à bheul-san.

'S e marsanta dibhe an dreuchd baile as trice thèid ainmeachadh ann an liosta-taic leabhar an Rothaich.<sup>42</sup> Ged nach bu ghlic puing ro fharsaing

<sup>41</sup> A rèir *Typographia Scoto-Gadelica* rinn Mac an Rothaich imrich a Shealan Nuadh (Maclean 1915, 295). Chan eil guth air seo na leabhar bàrdachd, ach tha iomradh air greis a thug e ann am baile Lerwick, ‘Zetland’ (Mac-an-Rothaich 1848, 148-49).

<sup>42</sup> Tha mu thrì ceud fo-sgrìobhaiche (luchd-ceannachd cinnteach) aig Mac an Rothaich air an ainmeachadh na leabhar, mu 50 ann an sgìre Ghlaschu / Ghrianaig, 80 ann an Dùn Èideann agus còrr is 160 ann an Earra-Ghàidheal, agus gu leòr dhiubh ag innse an dreuchd. A bharrachd air uaislean, luchd-oighreachd 's fir-thaca, luchd-malaire-chruidh agus ministearan ann an Earra-Ghàidheal, gheibhearr sia deug marsantan-fiona (no -spioradan) an Dùn Èideann, agus seachdnar ann an sgìre Ghlaschu. 'S e na dreuchdan eile a tha air an ainmeachadh aig Gàidheil Dhùn Èideann: marsantan / uchd-bùtha (9,

Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal

a stèidheachadh air fianais cho gann, dh'fhaodadh gu robh na marsantan dibhe a' cluiche pàirt chudromach ann a bhith a' brosnachadh nam bàrd sa bhaile mhòr agus a' toirt dhaibh ùrlar ùr an àite talla a' chinn-chinnidh no an taigh-cèilidh air Ghàidhealtachd.

'S e àrd-ùrlar sònraichte buadhach a bha ann am foillseachadh fhèin, gu moladh no diomoladh, agus sgaoileadh droch chliù cuideachd le leabhar an Rothaich. Ann an aoir a rinn e uaireigin eadar 1843 agus 1848, 'Lèighe na T—ne', tha e a' fanaid air dotair a 'tha 'n-dràsta an Dùn Èideann, / toirt èibhneas do mhòran', agus am bàrd a' gealltainn, ged nach ainmich e an truaghan, gun dèan a bhàrdachd 'ainmeil nas leòir e'. 'S e a tha a' dùsgadh colg an Rothaich cho leibideach is a tha briathrachas bodhaigeach an Lèighe, a dh'aindeoin gach cuideachadh a fhuair e bho fhear-ghràmair cliuiteach (air a bheil an aoir 's dòcha ag amas cuideachd):

Fhuair e Ù\_\_\_\_\_r a' G\_\_\_\_\_r [Ùghdair a' Ghramair]<sup>43</sup>  
Tha dùbailt, gun mhearachd,  
Thoirt ainmeannan banail  
Air cnàmhain 's air feòil dha.

[...]

Tha 'n sgoilear 's a shròn ann,  
A Luan is a Dhòmhnaich,  
Gus am bheil e cho eòlach,  
Ri Ròmhach no Greugach,

'S gar 'n d'ath'raich e *ilium*,  
*Pubis*, no *ischium*,  
Thug e 'n duille air p\_\_\_\_\_g, [piteag / piseag]  
'S biodag air p\_\_s; [pèiris]

---

marsantan-guail 's luchd-reic-leabhairchean nam measg), luchd-òsta (7), luchd-lagha (6), luchd-fastaidh charbadan (2), gàirnealairean (2), sgrìobhaichean (2), luchd-giùlain-litrichean (2), oifigear cùspainn (1), ministear (1 – Alastair MacEalair fhèin). Ann an Glaschu, a bharrachd air na marsantan-fiona gheibhearr: maraichean (bàtaichean smùid is eile) (5), luchd-òsta (3), luchd-banca (2), luchd Oifis a' Phuist (2), marsantan (2), ailtire (1), ministear (1) (Mac-an-Roich 1848, 181–84).

<sup>43</sup> B' e Iain Forbes (1818–1863) à Srath Ghais ùghdar an leabhair *Gràmar Dùbailt, Beurla 'us Gàelic* (Forbes 1843). Bha e còig bliadhnaichean na mhaighstir-sgoile ann an Chille Chuimein, mus tainig e a Dhùn Èideann ann an 1848 a ghabhail dreuchd aig an *Normal Institution*. Chaith e na mhinistear ann an 1851 (Scott VII, 175–76).

An *t\_l s\_h* air à\_s, [toll salach] [ànas]  
 's *sc\_t\_m* air a' mhàilead; [scrotum]  
 ach tha *musal* cho gràineil,  
 's nach gnàthaich mi fèin i.

Cho fhad is as lèir dhomh,  
 'S math a' Ghàidhlig oirr' fèithe –  
 Càit am bheil tè nach tuig  
 'Fèithe an ìochdair'  
 O Thaigh-Iain-Ghròt ann an Galladh,  
 Gu cnap Maol Chinntìre?

Cha leig mi nas fhaide,  
 A' Ghàidhlig a phabadh  
 A dh'aindeoin a spaglainn,  
 'S gur h-aithne dhomh fhìn i. (ibid., 1848: 164–66)<sup>44</sup>

Tha aoir eile a' nochdadhl goirid as dèidh a' Chiad Chogaidh, anns a bheil bàrd Barrach a' toirt sùil mhagail air gaibhre nan cailleach Gallda a chì e ann an Dùn Èideann (*DG* 14/12 (1919), 182; §§ 2, 4–6):

He horò na cailleachan,  
 Gur clearbach an treud iad  
 Hi horò na cailleachan,  
 'S ro shearbh tha mi fhèin dhiubh,  
 He horò na cailleachan,  
 Gur h-aimlisg gu lèir iad,  
 'S mo mhìle mhìle mharbhphaisg  
 Air cailleachan Dhùn Èideann.

Siud na cailleachan robach  
 Aig a bheil an smodal Beurla,  
 Nuair thromaicheas an 'crogan' orr'  
 Gur molaichte lem beul iad.  
 'S maирg a thèid a chogadh orr'  
 Nuair bhios an deoch nan creubhaig,

---

<sup>44</sup> 'Rannan' 4 & 5–8, ach 's ann mar aon rann fada a tha an dàn air a chur sìos anns an leabhar. Ged a tha an aoir a' càineadh obair faclaireachd a choireigin, chan eil sgeul air sgrìobhainn fhoillsichte fhreagarrach ann am Maclean 1915 no Ferguson & Matheson 1984, agus cha d' fhuaras soillearachadh ann an leabhar Mhic an Rothaich fhèin. Mo thaing mhòr do Raghnall MacilleDhuibh airson taic is comhairle; 's e a mhol am facal 'pèiris' shuas.

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

Gun toir an teanga loineadh air  
Ged 's dona bhiodh a lèirsinn.

Ged rachainn thun na sràide  
Cho tràth is gun èirinn  
Chì mi iad air mhàgran  
Is pàin den stuth gheur ac'.  
Chreideadh neach gun àicheadh  
Gur blàthbhanne sprèidh bh'ann,  
Mur faigheadh e an t-àileadh  
Cho làdir nan dèidh-san.

Chunna mi raoir anmoch  
Beul-aimlisg bha èibhinn,  
Is caithinnich cho garbh oirr'  
'S gun d' fhalbh dhi a h-èideadh;  
I mionnachadh 's a' damnadh  
'S bu gharg i ri h-èisteachd  
Airson cho cumhang garbh  
Is a dhealbh iad na ceuman.

Bha h-aogasg gu math tana  
'S i air glasadhl leis an dèideadh,  
A h-aodann bha ro sgallach  
Aig na thachair dhi a chreuchdan;  
Shaoileadh neach bhiodh aineolach  
'S nach b'aithne dha ma dèidhinn  
Gun d' fhuair i cliù air fearalas  
Aig deannalan na h-Èiphit.

Chan eil beatha nam bochd na cùis gàire, ge-tà, do Aonghas Moireasdan (1865–1942). Mhol Moireasdan eachdraidh is sòlaimteachd a' bhaile le rannraigheachd Spenserach anns an dàn 'Dùn Èideann' (1929, 278–80), ach 's ann le guth fada nas diorrasaiche a thug e sùil air bochdainn thàmailteach is droch thaigheadas a' bhaile ann an 'Saobhaidhean a' Bhaile Mhòir' (373–75), 's a chorraich air a lasadh le chreideamh Crìostail (§§ 1–4):

Na taighean breòite tilgibh nuas,  
Nan sgainneal do ar dùthaich –  
Carson a chuirear cloinn nan daoин'  
Nan dròbhan mar na brùidean!

Ar riaghlairean air fàs cho maoil,  
Nan cadal trom gun dùsgadh,  
An cogais ionann is na mairbh,  
Dìth mothachaidh gam mùchadh.

Rùisgibh na h-aitreibh staighreach àrd  
Gum faigh a' ghrian a càrsa,  
Is tilgibh buileach gus an lär  
Saobhaidhean dorch' ar dùthcha, [...]

Chaidh ceud pàist àireamh an aon taigh  
Sa bhaile seo, gur fior e;  
Chan iongnadh bàs bhith mach 's a-staigh,  
Is modh is stuaim an dìth oirnn.  
Dùisg a Dhùn Èidinn à do shuain  
Gus an cuirear glan am mì-ghloin  
'S am faigh do bhochdan cothrom buaidh  
Air suidheachadh mì-Chriostail.

Ciamar a gheibh an Soisgeul buaidh [...]  
'S na caoraich dh'fhaodadh bhith san treud  
Air seacharan tholl is dhìgean;  
Na pàistean a tha cinntinn suas [...]  
Gun eisimpleir bhom breith gum bàs  
Ach misg is ruit' is mì-ghloin.

Tha luchd-poileataigs a' faighinn an dubh-chàineadh – ‘luchd-taghaidh truagh gun bhaidh no gràs’ a cheadaicheas dha na taighean dibhe cumail a' dol, fhad 's nach ann nan nàbachd fhèin: ‘An rud don bhochd tha math gu leòr, / Cha chòrd rin sròin am fàileadh’. Tha luchd-Eaglais a' bhaile air an càineadh cuideachd airson a bhith ‘nan suain’, agus am bàrd a' guidhe gun eìreadh Chalmers ùr,<sup>45</sup> is ‘miann a chridh’ bhith cur san rod / Am bochd tha shòis sa chlàbar’. ’S e an rabhadh a tha aig a' bhàrd, mu dheireadh, gu bheil ‘buidheann ùr’ ag èirigh a chuireas ‘na seann bhun bho chèile’, agus mura tig leasachadh tro ghnìomh, nach

<sup>45</sup> An t-Urramach Thomas Chalmers (1780–1847), ciad Mhodaràtair na h-Eaglaise Saoire (1843). ‘While minister of the Tron and St John’s parishes [1815–24], [he] was actively engaged in the promotion of the educational interests of the city, and he materially assisted in the amelioration of the condition of the working and pauper classes during the Reform agitation [sna 1820an]. [...] In both these positions his high talents as a preacher gave him large congregations.’ (MacGregor 1881, 453) Chaidh aon shearman aig Chalmers fhoillseachadh ann an Gàidhlig (Ferguson & Matheson 1984, 41, §664).

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

fhada gum brùchd àr-a-mach sòisealach mar bheum-slèibh air an dùthaich.

Chan fhada gu dearbh gun do dh'èirich bàrd Gàidhlig a' tagradh soisgeul a' 'bhuidhinn ùir'. Nuair a thàinig Somhairle MacGill-Eain (1911–1996) a Dhùn Èideann – 'baile glas gun ghathadh grèine' (MacGhill Eathain 1943, 13) – aig toiseach nan tritheadan, chuir na chunnaic e de dhaorsa ann ris na beachdan radaigeach a bha aige mar-thà mun 'dubh-chosnadhl cruaidh' a bha a' sàrachadh a' mhòr-shluagh (ibid, 53). Le cothlamadh bròin, feirge 's tàire, chuir aon dàn goirid aige soisgeul is sòisealachd calg-dhìreach an aghaidh a chèile, a' dèanamh sgàradh far an robh aonta aig Moireasdan: chan ann air àite bàis no breith Chriosta a tha sùil a' bhàird, ach air 'cùil ghròd an Glaschu' agus 'seòmar bochdainn' 's cràidh' an Dùn Èideann (ibid, 54).

Cha b' fhuilear do shoisgeulaiche sòisealach aire a thoirt don bhaile mhòr, agus chithear gu bheil àite sònraichte aig a' bhaile ann an call is slànochd nan daoine ann an sgeama samhlachail an dàin fhada 'An Cuilitheann' (MacGill-Eain 1999, 94):

Chunnacas air sràidean Ghlaschu  
Agus air sràidean Dhùn Èideann,  
Agus air sràidean Lunnainn,  
Tiùrr lobhte na brèine:  
A' bhochdainn, an t-acras, an t-siùrsachd,  
An fhiabhras, a' chaitheamh 's gach eislean

Tha slànaighear anns an t-sealladh seo, Clio na h-Eachdraidh fàsmhoir, a tha a' toirt fianais air ar-a-mach an dòchais anns a' bhaile mhòr (MacGill-Eain 1999, 118):

Aig a Mhound an Dùn Èideann  
Mhothaich mi an làmh ag èirigh  
Os cionn plubartaich na fairge  
A dhèanamh grèim air an fhalbhan,  
An sop fiughair bha dol seachad, [...]

Chunnaic mi air sràidean Ghlaschu  
Agus air sràidean Dhùn Èideann,  
Agus air sràidean Lunnainn,  
Crìoch dheireannach an lèiridh;  
'S [...] meirghe mhòr dhearg an spioraid  
Nach leagar an dèidh èirigh.

Anns an aon bhliadhna is a nochd ‘Calbharaigh’ an cois nan Dàn do Eimhir (MacGhill Eathain 1943, 54), dh’fhoillsicheadh lioraig ghoirid le ‘Innis nan Tonn’ a’ gearan càs a’ bhàird ‘Sa Bhaile Mhòr’: ciamar a ruigeadh spiorad a’ bhàird àirde-smuain, is aigne air a ‘lùbadh gu làr’ le ‘cudrom na duslaich / Is tuisleadh nan tràill’ (G 1943, 45)? Cha deach a h-uile bàrd Gàidhlig idir a ghlaicadh ann a leithid a *chul-de-sac* romànsach, mar a chunnacas, ach is cinnteach nach gèilleadh dilseachd don Ghàidhealtachd, tarraing Nàdair agus nòsan glèidheteach nam bàrd ro luath do dh’fheartan bàrdail nam bailtean Gallda. Na b’ fhaide san fhicheadamh linn, ge-tà, dh’èireadh ìomhaighean làidir Ghlaschu aon uair eile ann am bàrdachd Iain Mhic a’ Ghobhainn, Ruairidh MhicThòmais agus Chrìsdein MhicGhilleBhàin.

## CLÀR-LEUGHAIDH

- Arnot, H. 1779. *The History of Edinburgh* (Edinburgh & London: W. Creech & J. Murray)
- Bain, R. 1911. ‘The Gael in Glasgow’, *The Celtic Monthly* XIX, 4: 64–66; 5: 84–86; 6: 106–08
- Caimbeul, A. 1785. *Orain Nuadh Ghaidhleach* (Dun-Eidin: R. Fleming)
- Campbell, J. L. & F. Collinson (eds) 1977. *Hebridean Folksongs* 2: *Waulking songs from Barra, South Uist, Eriskay and Benbecula* (Oxford: Clarendon Press)
- 1981. *Hebridean Folksongs* 3: *Waulking songs from Vatersay, Barra, Eriskay, South Uist and Benbecula* (Oxford: Clarendon Press)
- Camshron, E. 1932. *Na Bàird Thiristeach / Tiree Bards* (Stirling: An Comunn Tirisdeach)
- CM: *The Celtic Monthly: a magazine for Highlanders* (Glasgow : A. Sinclair, etc., 1892–1917)
- Cockburn, H. 1874. *Journal of Henry Cockburn, being a continuation of the memorials of his time 1831–1854*, vol. 1 (Edinburgh: Edmonston & Douglas)
- Creech, W. 1791. *Edinburgh Fugitive Pieces* (Edinburgh: W. Creech & T. Cadell, London)
- DG: *An Deo-gréine: the monthly magazine of An Comunn Gàidhealach* (Glasgow: An Comunn Gàidhealach, 1905–1922)
- Dùghalach, A. 1829. *Orain, Marbhannan, agus Duanagan, Ghaidhealach* (Inbheirnis: Mac-An-Toisich)
- Ferguson, M. & A. Matheson 1984. *Scottish Gaelic Union Catalogue* (Edinburgh: National Library of Scotland)

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

- Ferguson, W. 1966. ‘The Reform Act (Scotland) of 1832: intention and effect’, *Scottish Historical Review* 45: 105–15
- Forbes, J. 1843. *A Double Grammar, of English and Gaelic / Gràmar Dùlbait, Beurla 'us Gaèlig* (Edinburgh: W. Whyte & Co; etc.)
- Fraser, W. H. & I. Maver (eds) 1996. *Glasgow. Volume II: 1830 to 1912* (Manchester & New York: MUP)
- G 1943: *An Gàidheal: the official magazine of An Comunn Gàidhealach* (Glasgow: An Comunn Gàidhealach), iris 38/4
- Ghriogarach, M. & eile 1831. *Co-chruinneach dh'Òrain Thaghte Ghaeleach nach robh riamh ann an clo-buala*, deas. D. MacIntosich (Edinburgh: John Elder)
- Gibson, J. 1777. *The History of Glasgow, from the Earliest Accounts to the Present Time* (Glasgow: Rob. Chapman & Alex. Duncan)
- Gillies, D. 1934. ‘Na Gaidheil an Glaschu’, *The Active Gael (being papers read before the Gaelic Society of Glasgow)* (Glasgow: Gaelic Society of Glasgow), dd 152–78
- Gillies, W. 1989. ‘A century of Gaelic scholarship’, ann an W. Gillies (ed.) *Gaelic and Scotland – Alba agus a’ Ghàidhlig* (Edinburgh: EUP), dd 3–21
- Gordon, J. F. S. (ed) 1872. *Glasghu Facies: A View of the City of Glasgow by John M'Ure alias Campbell, 1736. Comprising also every history hitherto published.* (Glasgow: John Tweed). Vol. 1
- Grove 1986. *The New Grove Dictionary of American Music* deas. H. W. Hitchcock & S. Sadie (London: Macmillan Press; New York: Grove's Dictionaries of Music)
- Gunn, A. 1904. ‘Some unpublished literary remains of the Reay country’, *TGSI* 24 (1899–1901): 5–28
- Handley, J. E. 1947. *The Irish in Modern Scotland* (Cork University Press & Oxford: B. H. Blackwell Ltd)
- Hay, G. C. 2003. *Collected Poems and Songs of George Campbell Hay*, ed. M. Byrne, (Edinburgh: Edinburgh University Press)
- Haythornwaite, J. A. 1993 (with N C Wilson & V A Batho). *Scotland in the Nineteenth Century – an analytical bibliography of material relating to Scotland in Parliamentary papers, 1800–1900* (Aldershot: Scolar Press)
- Hickey, D. J. & J. E. Doherty 1980. *A Dictionary of Irish History since 1800* (Dublin: Gill & Macmillan)
- Jackson, G. & Munn, C. 1996. ‘Trade, commerce and finance’, ann an Fraser & Maver, 52–95
- Kinchin P. & J. [2005]. *Glasgow's Great Exhibitions* (Oxon: White Cockade)
- Lipton, T. J. [1931]. *Leaves from the Lipton Logs* (London: Hutchinson)

- MacAoidh, R. 1938. *Oiteagan à Tir nan Òg – òrain agus dàin* (Glaschu: MacLabhrúinn & a Mhic)
- Mac-an-Roich, D. 1848. *Orain Ghaidhealach* (Dun-Eidin: Thornton & Collie)
- Mac an t-Saoir, A. 1829. *Dàin is Òrain Ghae'lach* (Glaschu)
- MacCorquodale, H. 1934. ‘Preface’, *The Active Gael (being papers read before the Gaelic Society of Glasgow)* (Glasgow: Gaelic Society of Glasgow), dd v–vi
- MacDhunlèibhe, U. 1882. *Duain agus Òrain* (Glasgow: Archibald Sinclair)
- MacDonald, A. 1924. *The Poems of Alexander MacDonald (Mac Mhaighstir Alasdair)*, eds. A. MacDonald & A. MacDonald (Inverness: Northern Counties Newspaper & Printing & Publishing Co.)
- MacDonald, A. & A. (deas.) 1911. *The MacDonald Collection of Gaelic Poetry* (Inverness: Northern Counties Newspaper & Printing Company)
- MacFadyen, J. 1890. *An t-Eileanach – Original Gaelic songs, poems and readings* (Glasgow: Archibald Sinclair)
- 1902. *Sgeulaiche nan Caol – Original Gaelic readings, sketches, poems and songs* (Glasgow: Archibald Sinclair)
- MacFarlane, Malcolm 1929. ‘Half a Century of Vocal Gaelic Music’, *TGSI* 32 (1924–25): 251–72
- MacFhionghuin, L. 1953. *Baird a' Chomuinn – Comh-chruinneachadh de'n Bhàrdachd a choisinn an Crùn aig a' Mhòd Nàiseanta o'n bhliadhna 1923 gu 1951* (Glaschu: An Comunn Gàidhealach)
- MacGhill Eathain, S. 1943. *Dàin do Eimhir agus dàin eile* (Glaschu: William Maclellan)
- MacGhrigair, I. 1801. *Orain Ghaelach* (Edin-bruaich: Adhamh MacNeill & A Chuid.)
- 1818. *Orain Nuadh Ghaelach* (Dun-eudainn: R. Meinnearach)
- MacGill-Eain, S. 1999. *O Choille gu Bearradh / From Wood to Ridge* (Manchester & Edinburgh: Carcanet/Birlinn)
- MacGregor, G. 1881. *The History of Glasgow from the Earliest Period to the Present Time* (Glasgow: T. D. Morison; London: Hamilton, Adams, & Co.)
- MacGregor, J. C. 1935. *The History of St Columba's Parish Church, Glasgow* (Glasgow: John Calder & Co.)
- MacIlleain, I. 1818. *Orain Nuadh Ghaedhlach* (Duneudainn: R. Meinnearach)
- MacInnes, J. 1979. ‘The panegyric code in Gaelic poetry and its historical background’, *TGSI* 50 (1976–78): 435–98

Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal

- MacIntosich, D. 1830n?. *Òrain Ghaelach* (leabhran an cois Ghriogarach 1831 ann an Leabharlann na Nua-Cholaiste, Dùn Èideann)
- Macintyre, D. 1968. *Sporan Dhòmhnaill: Gaelic poems and songs*, deas. S. Macmillan (Edinburgh: Scottish Gaelic Texts Society)
- Macintyre, D. 1978. *Òrain Dhonnchaidh Bhàin / The Songs of Duncan Ban Macintyre*, deas. A. Macleod (Edinburgh: Scottish Gaelic Texts Society)
- Mackay, J. 1998. *The Man Who Invented Himself: a life of Sir Thomas Lipton* (Edinburgh & London: Mainstream)
- Maclean, D. 1915. *Typographia Scoto-Gadelica: or, Books printed in the Gaelic of Scotland from the year 1567 to the year 1914* (Edinburgh: Grant)
- Macleod, M. C. (ed.) 1908. *Modern Gaelic Bards* (Stirling: Eneas Mackay)
- Macleod, M. C. (ed.) 1915. *The Celtic Annual* (Dundee: Dundee Highland Society)
- Macleòid, N. 1975. *Clàrsach an Doire – Dàin, òrain, is sgeulachdan* (Glaschu: Gairm; 6mh clò-bhualadh). (1d clò-bh. 1883)
- Mac-na-Ceàrdadh, G. (deas.) 1879. *An t-Òraniche: no Co-Thional Taghte do Òrain Ur agus Shean* (Glasgow: Archibald Sinclair & Robert McGregor)
- MacPherson, D. (deas.) 1868. *An Duanaire: a new collection of Gaelic songs and poems* (Edinburgh: MacLachlan & Stewart)
- MacRitchie, D. 1927. ‘The Gaels in Edinburgh’, *TGSI* 31 (1922–1924): 232–45
- McLeod, W. 2003. ‘Language Politics and Ethnolinguistic Consciousness in Scottish Gaelic Poetry’, *Scottish Gaelic Studies* 21: 91–146
- McUre, J. (alias Campbell) 1736. *A View of the City of Glasgow; or, an Account of its Origins, Rise and Progress, with a more particular Description thereof than has hitherto been known* (Glasgow: James Duncan)
- Meek, D. E. 1995. *Tuath is Tighearna / Tenants and Landlords* (Edinburgh: Scottish Gaelic Texts Society)
- 2003 (ed.). *Caran an t-Saoghail. The wiles of the world: Anthology of 19th Century Scottish Gaelic Verse* (Edinburgh: Birlinn)
- Meikle, H. W. 1912. *Scotland and The French Revolution* (Glasgow: John Maclehose & Sons)
- Morison, J. 1896. *Dàin Iain Ghobha: the poems of John Morison* deas. G. Henderson, Vol. 1 (Glasgow: A. Sinclair; Edinburgh: N. Macleod)
- Moireasdan, A. 1929. *Òrain is Dàin / Bàrdachd nam Beann* (Dun-Eideann: Darien Press)

- Muir, J. H. 2001. *Glasgow in 1901* (Oxford: White Cockade Publishing, facsimile edition)
- Munro, N. 1931. *The Brave Days: a chronicle from the North* (Edinburgh: Porpoise Press)
- Newte, T. 1791. *Prospects and Observations on a Tour in England and Scotland: natural, oeconomical, and literary.* (London: G. G. J. & J. Robinson)
- Nic-a-Phearsoin, M. 1891. *Dain agus orain Ghaidhlig* (Inbhirnis: A. & U. Mac-Coinnich)
- Oakley, C. A. 1975. *The Second City* (Glasgow & London: Blackie, 3rd edition)
- Ó Baoill, C. (ed.) 1994. *Gàir nan Clàrsach / The Harps' Cry: an anthology of 17th century Gaelic poetry.* With transl. by M. Bateman. (Edinburgh: Birlinn)
- Pagan, J. 1884. *Glasgow, Past and Present* Vol. 1 (Glasgow: David Robertson & Co.)
- Ritchie, R. L. 1904. 'Some unpublished Gaelic songs', *TGSI* 24 (1899–1901): 66–84
- Robastan 479. Làmh-sgr. 479, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba: leabhar sgrìobhaidh leis an Urramach Teàrlach M. Robastan
- Robertson, C. M. 1932. 'Gaelic Poems collected in Braemar, and Original Songs composed by the Rev. Robert MacGregor and Mr Alex. MacGregor', *TGSI* 33 (1925–27): 2–43
- Scott, H. 1915. *Fasti Ecclesiae Scoticanae*, vol. 1 (Edinburgh: Oliver & Boyd)
- Scott, H. 1928, *Fasti Ecclesiae Scoticanae*, vol. 7 (Edinburgh: Oliver & Boyd)
- Sinclair, A. 1893. 'John MacFadyen', *The Celtic Monthly* 2/1: 15
- Sinclair, A. Maclean 1910. 'A collection of Gaelic poems', *TGSI* 26 (1904–07): 235–262
- Sinton, T. 1906. *The poetry of Badenoch* (Inverness: Northern Counties Publishing Co.)
- Stewart, A. & D. (coll.) 1804. *Cochruinneacha Taoghta de Shaothair nam Bard Gaeleach* (Duneidin: T. Stuart)
- Stiubhard, R. 1802. *Orain Gaehlach agus Bheurla-Ghaelach* (Duneidin: C. Stiubhard)
- TGSI: Transactions of the Gaelic Society of Inverness*
- Thomson, D. S. 1974. *An Introduction to Gaelic Poetry* (London: Victor Gollancz)
- 1994. *The Companion to Gaelic Scotland* (Glasgow: Gairm)
- Thornber, I. 1985. 'Some Morvern songwriters of the nineteenth century', *TGSI* 53 (1982–84): 1–90

*Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal*

- Wallace, S. 2006. *John Stuart Blackie: Scottish scholar and patriot* (Edinburgh: EUP)
- Waugh, A. 1950. *The Lipton Story – a centennial biography* (New York: Doubleday & Coup)
- Whyte, C. 1991. Unpublished Ph D thesis: ‘William Livingston / Uilleam MacDhunshlèibhe (1808–70): A survey of his poetry and prose’ (University of Glasgow)
- Withers, C. W. J. 1996. ‘The demographic history of the city, 1831–1911’, ann am Fraser & Maver, dd 141–62
- 1998. *Urban Highlanders: Highland-Lowland migration and urban Gaelic culture 1700–1900* (East Linton: Tuckwell Press)
- www *ILN: The Illustrated London News*, 8/8/1882, d.43, aig  
[www.londonancestor.com/newspaper/1882/0708/law-fleming.htm](http://www.londonancestor.com/newspaper/1882/0708/law-fleming.htm)  
(1/11/06)